



Atharrachadh na gnàth-shìde




Dian-thachartas teòthachd

Dian-theas

Aithnichidh eòlaichean-sìde pàtrain sìde a dh'fhaodadh dian-theas adhbharachadh grunnan lathaichean ro làimh, rud nach eil cho furasta le sìde chaochlaideach. Tha dian-theas nas bitheanta as t-samhradh nuair a tha bruthadh àrd os cionn sgìre. Tha bruthadh àrd a' toirt thugainn sìde chiùin – chan eil uimhir a sgòthan san speur, tha a' ghaoth nas socaire agus tha i nas blàithe.

Tha Oifis na Sìde a' mìneachadh dian-theas mar ùine gun bhriseadh sa bheil an teòthachd fìor àrd, ach chan eil e cho furasta 's a shaoileadh tu dian-theas a ghairm san RA.

Chan eil an aon teòthachd air feadh na RA gach latha. Bidh an teòthachd ag atharrachadh bho àite gu àite mar a chithear an seo.



Dealbhan: Met Office, Shutterstock




Atharrachadh na gnàth-shìde

Le sin, tha an teòthachd a dh'fheumar a ruigheachd airson dian-theas a ghairm eadar-dhealaichte ann an diofar phàirtean den RA.

Bidh eòlaichean-sìde a' coimhead dè an teòthachd chuibheasach sa phàirt as teotha den t-samhradh anns gach sgìre den RA, agus bidh iad a' seadadh bun-teòthachd a tha gu math nas àirde na sin airson dian-theas.

- 🌍 Ann am pàirtean de Alba, Èirinn a Tuath, a' Chuimrigh, Ceann a Tuath agus Iar-Dheas Shasainn 's e a' bhun-teòthachd 25°C.
- 🌍 Bho Shiorrachd Lincoln tarsainn gu Cheshire agus sìos gu Dorset, tha a' bhun-teòthachd a' dol suas gu 26°C.
- 🌍 Airson cuid de Mheadhan Shasainn, Anglia an Ear agus cuid mhath de na siorrachdan timcheall air Lunnainn, 's e 27°C a th' ann.
- 🌍 Tha e a' dol suas gu 28°C ann an Lunnainn.



Chan e a-mhàin gum feum àite teòthachd shònraichte a ruigheachd, ach feumaidh an teòthachd fuireach aig a' bhun-teòthachd no nas àirde airson co-dhiù trì latha an dèidh a chèile. Mura mair e airson trì latha ann an sreath, 's e greiseag theth a th' ann.


Dian-theas agus atharrachadh na gnàth-shìde

Chan e rud ùr a th' ann an dian-theas agus bhiodh e a' tachairt gun atharrachadh na gnàth-shìde.

Agus, dìreach mar a tha barrachd thuiltean agus barrachd cunnairt bho theintean-raoin ann air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde, tha dian-theas a' fàs nas miosa. Tha Oifis na Sìde ag ràdh gu bheil iad a' faicinn barrachd theòthachdan anabarrach blàth agus nas lugha a tha anabarrach fionnar. 'S e an t-adhbhar airson seo, na tha de ghasaichean taigh-glainne san àile a tha a' toirt air an Talamh blàthachadh.



Dealbhan: Norwhal, Shutterstock



Carson a tha dian-theas a' tachairt?

Tha dian-theas san RA mar thorradh air far a bheil an diet-shruth. 'S e bann de ghaothan làidir a tha a' gluasad gu luath mu 5 gu 7 mìle os cionn uachdar na Talmhainn a tha san diet-shruth, a' sèideadh bhon iar dhan ear.

Tha an diet-shruth a' sruthadh gu h-àrd san àile agus a' toirt atharrachadh air a' ghaoith 's air a' bhruthadh aig an ìre sin. Tha seo a' toirt buaidh air nithean nas fhaisge air an uachdar, mar raointean bruthadh àrd agus ìosal, agus le sin tha e a' cur cruth air an t-sìde a bhios sinn a' faighinn.

Bidh dian-theas a' tachairt nuair a bhios bruthadh àrd a tha a' gluasad gu mall a' leasachadh os cionn sgìre. Bidh èadhar bhon àile a' putadh èadhar blàth sìos dhan talamh, far a bheil e a' dlùthachadh agus a' cur suas na teòthachd.

Tha bruthadh àrd ga dhèanamh doirbh do shìde eile gluasad a-steach dhan sgìre, agus sin an t-adhbhar gum faod dian-theas maireachdainn airson grunn lathaichean no sheachdainean.

Mar as fhaide a dh'fhuiricheas am bruthadh àrd san àite, 's ann as teotha a dh'fhàsas an t-àite.



Atharrachadh na gnàth-shìde

Tha bruthadh àrd cuideachd a' cur bacadh air gaothan agus a' cur stad air sgòthan bho thighinn a-steach dhan sgìre. Tha seo a' ciallachadh gum faod na gaothan a bhith cho beag 's nach eil iad ann, agus gum faod solas na grèine fàs cianail teth, a' cur tuilleadh teas dhan t-siostam.


Tha dian-theas ann nuair a thig na feartan sin còmhla airson teòthachdan anabarrach teth a dhèanamh.

Rabhaidhean dian-shìde nàiseanta na RA airson dian-theas

Chuir Oifis na Sìde a-mach a' chiad rabhadh aca mu dhian-theas san Iuchar 2021. Thèid na rabhaidhean a chur a-mach stèidhichte air buaidh an dian-theas seach nuair a thèid teòthachdan sònraichte a ruigheachd.

Innsidh rabhaidhean orains agus dearg don phoball gum faod troimh-a-chèile fharsaing agus droch bhuaidh air slàinte a bhith ann.

Chan eil dian-theas a' toirt buaidh a-mhàin air daoine; bidh e cuideachd a' cur strèan air goireasan uisge agus cumhachd, air còmh-dhail rathaid agus rèile, agus air seirbheisean slàinte agus smàlaidh.



Dealbhan: BBC, Shutterstock





Mar a tha dian-theas a' toirt buaidh air daoine

Air feadh an t-saoghail, tha dian-theas a' tachairt nas trice, tha e a' maireachdainn nas fhaide agus tha e nas teotha. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil samhraidhean a' sìor fhàs tioram agus gu bheil daoine a' fulang theòthachdan nas teotha agus nas teotha air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde.

Faodaidh dian-theas a bhith marbhtach agus le sin bu chòir daoine ceumannan a ghabhail gus an cron a tha teas agus solas na grèine a' dèanamh orra a bheagachadh. Tha na bodhaigean againn math air fàs suas ri teòthachdan nas àirde ach tha e cudromach gun tèid claidheadh-teas agus beum-grèine a sheachnadh, agus gun tèid sùil a chumail air daoine nas sine, daoine a tha tinn no aig a bheil duilgheadasan slàinte leantainneach, agus clann òg.

Nuair a tha dian-theas ann, thathar a moladh:

- 🌍 fuireach a-mach às a' ghrèin aig na h-amannan as teotha den latha
- 🌍 gnìomhan doirbh a sheachnadh
- 🌍 uisge ùr gu leòr òl
- 🌍 cè-grèine a bhith ort a-muigh



Faodaidh dian-theas buaidh a thoirt air gach pàirt den bheatha. Faodaidh seirbheisean èiginn agus slàinte a bhith air leth trang nuair a tha dian-theas ann.

Faodaidh cuideam tighinn air solar uisge agus cumhachd, agus còmh-dhail a bhith troimh-a-chèile.

Faodaidh daoine am bàrr agus am beathaichean a chall air sgàth dian-theas, agus le sin bidh briseadh san t-sreath-solarachaidh agus call san teachd-a-steach.



Atharrachadh na gnàth-shìde

Tha fianais a' sealltainn, a-mach às na ceithir mòr-thubaistean co-cheangailte ri dian-shìde – dian-theas, dian-fhuachd, tart agus tuiltean – 's e barrachd millidh air bàrr air sgàth dian-theas a' bhuaidh as cumanta.



Air sgàth dian-theas:

- faodaidh rèilichean lùbadh, agus cuiridh seo seirbheisean troimh-a-chèile agus bheir e trèanaichean far nan rèilichean
- cha tèid aig cuid de phlèanaichean air sgèith
- bidh barrachd dealain air a chleachdadh leis gum bi uidheaman fuarachaidh agus reothadairean ag obrachadh nas cruaidhe gus daoine a chumail fionnar san dachaigh agus san oifis
- bidh stòran uisge fo chuideam. Feumaidh ionadan-cumhachd tòrr uisge airson fuarachadh. 'S dòcha gum feum bàrr barrachd uisge agus òlaidh daoine barrachd uisge gus nach bi am bodhaigean gann de uisge
- 's dòcha nach fàs bàrr, agus le sin gum fàs biadh gann agus gun tèid prìs a' bhìdh suas. Chan eil seo math dha na dùthchannan as bochda air feadh an t-saoghail a dh'fheumas gnothaichean a cheannach a-steach.

Tha aithisg [Staid na Gnàth-shìde san RA](#) a' sealltainn gu bheil greisean blàtha a' maireachdainn a dhà uiread nas fhaide na bha iad o chionn 50 bliadhna. Air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde tha an dian-theas nas teotha, nas cunnartaiche agus a' maireachdainn nas fhaide.

Chan e rud a thig san àm ri teachd a th' ann an atharrachadh na gnàth-shìde. Tha sinn a' faireachdainn na buaidh mu thràth – tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh air beatha agus slàinte dhaoine ann an dòighean dràmach; feumaidh daoine dèanamh deiseil airson dèiligeadh ri teòthachdan nas àirde a bhios àbhaisteach gus an tòisich buaidh nan ceumannan air a' ghnàth-shìde.

